

Tha Gach Neach-ionnsachaidh ann an Alba Cudromach: Ar Deasbad Nàiseanta

Geàrr-aithisg




An t-Ollamh Carol Chaimbeul agus an t-Ollamh Alma Harris
(Luchd-cuideachaiddh Neo-eisimeileach)

Air a chur a-steach gu Riaghaltas na h-Alba agus COSLA 31 Màrt, 2023.

Clàr-innse



1.
Ro-ràdh



2.
**Tar-shealladh
air an Deasbad
Nàiseanta**




3.
**Lèirsinn agus
Luachan**



4.
**Gairm gu
Gníomh**



5.
**Na h-ath
Cheuman**



Paipearan-taice



1. Ro-ràdh



1. Ro-ràdh



1.1 Chaidh am feum air Deasbad Nàiseanta gus lèirsinn làidir, aontaichte agus ath-nuadhaichte a stèidheachadh airson foghlam na h-Alba san àm ri teachd a chomharrachadh ann an Ath-bhreithneachadh Muir Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education¹. Anns an ath-bhreithneachadh sin, chaidh a mholadh gum feumadh an Deasbad Nàiseanta a bhith cho in-ghabhalach 's a ghabhadh agus gun a bhith a' toirt "làmh an uachdair" do bhuidhnean foghlaim stèidhichte. Ag obair air na molaidhean seo, dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba agus Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA) Deasbad Nàiseanta a chumail air an àm ri teachd ann am foghlam Albannach.

1.2 Chaidh iarraidh oirnn a bhith nar Luchd-cuideachaидh Neo-eisimeileach air an Deasbad Nàiseanta seo agus thòisich sinn ag obair san luchar 2022. Tha an aithisg seo a' toirt sealladh farsaing air an Deasbad Nàiseanta agus a' mìneachadh na lèirsinn, nan luachan agus na Gairm gu Gniomh (GGG) àrd-ire stèidhichte air an fhianais gu lèir a chaidh a chruinneachadh. Tha an geàrr-chunntas seo a' criochnachadh le bhith a' coimhead air na h-ath cheuman.

¹ [Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education– gov.scot \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot/Putting%20Learners%20at%20the%20Centre%20-%20Towards%20a%20Future%20Vision%20for%20Scottish%20Education.pdf)



2.

Tar-shealladh air an Deasbad Nàiseanta

2. Tar-shealladh air an Deasbad Nàiseanta



2.1 Bha an Deasbad Nàiseanta² air Foghlam ann an Alba na chothrom tearc do chlann, do dhaoine òga, agus an luchd-taic èisteachd fhaighinn a thaobh slighe Foghlam na h-Alba san àm ri teachd. B' e prìomh amas an Deasbaid Nàiseanta lèirsinn làidir agus aontaichte a thoirt gu buil airson foghlam Albannach an cois Gairm gu Gníomh (GGG) a mhìnic na ceumannan ro-innleachdail gus an lèirsinn sin a choileanadh ann an cleachdad.

2.2 Mar luchd-cuideachaидh neo-eisimeileach, dh'obraich sinn le co-bhanntachd fharsaing de bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean, sgoiltean, buidhnean foghlaim eile, buidhnean coimhearsnachd, buidhnean treas roinne, luchd-obrach òigridh, buidhnean phàrantan, buidhnean proifeiseanta foghlaim, ùghdarrasan ionadail, agus luchd-poileasaidh gus a h-uile duine a tha an sàs ann am foghlam na h-Alba a thoirt an lùib a' ghnothaich. Ann a bhith a' dealbhadh nan ceistean agus nam planaichean conaltraidh airson an Deasbaid Nàiseanta, rinn sinn co-chomhairle le còrr is ceud buidheann a tha gu sònraighe airson

taic agus riochdachadh a thoirt do chlann is dhaoine òga, cho math ri com-pàrtichead foghlaim agus buidhnean phàrantan. Chùm sinn conaltradh ris na buidhnean sin feadh an Deasbaid Nàiseanta air fad, a' toirt cothrom dhaibh air tuilleadh bheachdan a thoirt dhuinn.

2.3 Chaidh an Deasbad Nàiseanta a chur air bhog le Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean agus Neach-labhairt Cloinne is Dhaoine Òga COSLA air 21 Sultain 2022. Às dèidh a' chur air bhog seo chaith conaltradh dian a dhèanamh a ruith gu 5 Dùblachd 2022. A rèir molaidhean Ath-bhreithneachadh Muir rinn sinn cinnteach gun robh beachdan cloinne agus dhaoine òga gu sònraighe aig cridhe an Deasbaid Nàiseanta. Dh'iarr sinn cuideachd beachdan nan inbheach a bhios a' toirt càram, riochdachadh, agus taic do chlann agus daoine òga, a' gabhail a-steach pàrantan agus luchd-cùraim, stiùirichean sgoile, tidsearan, luchd-dreuchd foghlaim eile agus luchd-taic (Pàipeartaise A).

² [Deasbad Nàiseanta air Foghlam na h-Alba – Riaghaltas na h-Alba – Citizen Space \(consult.gov.scot\)](https://consult.gov.scot/Deasbad-Naiseanta-air-Foghlam-na-h-Alba-Riaghaltas-na-h-Alba-Citizen-Space/)

2.4 B' i a' phrìomh cheist a bha a' stiùireadh an Deasbaid Nàiseanta: “Dè an seòrsa foghlaim a bhios a dhìth air clann agus daoine òga ann an Alba san àm ri teachd agus ciamar a bheir sinn sin gu buil?” Rinn sinn a h-uile oidhrip gus dèanamh cinnteach gun deach guthan cloinne agus dhaoine òga nach àbhaist pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean no deasbadan mar seo, a thoirt an lùib an deasbaid tro bhuidhnean taic speisealta no tro am pàrantan, luchd-cùraim, agus tidsearan.

2.5 Cha robh dùil againn gum biodh com-pàirteachadh anns an Deasbad Nàiseanta idir cho domhainn is farsaing 's a bha e. Ghabh còrr air 38,000 neach pàirt anns an Deasbad Nàiseanta (faic Pàipear-taice B airson ìomhaigh-fiosrachaidh air an statistik com-pàirteachaidh). Ann an co-obrachadh le Riaghaltas na h-Alba, chaidh suirbhidh air-loidhne a chur air bhog le deich prìomh cheistean rim faighinn ann an grunn chànanan coimhearsnachd, ann an cruthan ruigsinneach agus dreach a bha furasta a leughadh. Chaidh raon de stiùridhean deasbaid a bha ionchaidh a rèir aois a dheasachadh le Foghlam Alba le tuilleadh cheistean Deasbaid Nàiseanta airson tidsearan, pàrantan/luchd-cùraim agus luchd-obrach òigradh a chuideachadh gus clann agus daoine òga a chom-pàirteachadh gu dìreach agus airson inbhich a dhol an sàs ann an còmhraidhean le taic. Chaidh 5,671 freagairt uile gu lèir a chur a-steach don Deasbad Nàiseanta, a' gabhail a-steach freagairtean suirbhidh agus tagraighean fosgailte ann an raon de chruthan. Dhiubh sin, fhuaireadh 232 freagairt buidhne.

2.6 Mar Luchd-cuideachaidd Neo-eisimeileach, ghabh sinn pàirt ann an uimhir de sheiseanan air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh sa ghabhadh. Uile gu lèir, bha 102 tachartas Deasbad Nàiseanta ann. Chleachd sinn dòigh-obrach chom-pàirteachaidh, fhuranach aig ère coimhearsnachd gus an Deasbad Nàiseanta a dhèanamh cho in-ghabhaladh 's a b' urrainn dhuinn. Chùm sinn tachartasan com-pàirteachaidh poblach agus ghabh sinn pàirt ann an coinneamhan air an cumail le buidhnean gu nàiseanta, roinnean, is ionadail. Choinnich sinn aghaidh ri aghaidh ri prìomh bhuidhnean gus ar ruigsinneachd a leudachadh agus gus na b' urrainn dhuinn de dh'fhanais dhaoine fa leth a chruinneachadh. Mar thoradh air iomairt

mheadhanan sòisealta air leth soirbheachail, chunnaic 10 millean neach-cleachdaidh fa leth an hashtag #TalkScottishEducation. Bha 6,000 post Twitter ann mun mun Deasbad Nàiseanta.

2.7 Fhuair a h-uile sgoil ann an Alba cuireadh pàirt a ghabhail anns an Deasbad Nàiseanta, a' cleachdadadh nan stiùridhean deasbaid a bha ionchaidh a rèir aois. Chaidh co-chruinneachaidhean agus clasaichean Deasbad Nàiseanta air-loidhne a sholarachadh le e-Sgoil do sgoilearan aois bun-sgoile agus àrd-sgoile. Ghabh còrr is 26,000 sgoilear agus oileanach pàirt anns na tachartasan air-loidhne seo a rinn cinnteach gun robh beachdan cloinne is dhaoine òga, air feadh na h-Alba, air an toirt seachad mar phàirt den Deasbad Nàiseanta.

2.8 Chaidh deasbadan a chur air dòigh le buidhnean cloinne is dhaoine òga nach cluinnear ach ainneamh agus rinn sinn conaltradh ann an dòighean a lughdaich uiread bhacaidhean air com-pàirteachadh 's a ghabhadh. Chuir sinn taic ri buidhnean fòcais airson luchd-tagraidh a bha a' riochdachadh nam beachdan, ùidhean, agus feumalachdan ionnsachaidh aig daoine nach eil cho dualtach an eòlas innse ann an coinneamh phoblach. Bha faireachdainnean làidir a' tighinn am bàrr ann an cuid de na seiseanan sin agus chuala sinn cunntasan driùidteach bho chlann agus daoine òga a bha an dà chuid ciallach agus cumhachdach. Rinn sinn ar dìcheall earbsa a thogail agus àiteachan sàbhailte a lìbhrigeadh airson com-pàirteachadh, agus dhearbh sinn an còmhnhadh do na com-pàirtichean gur b' e luchd-cuideachaidd neo-eisimeileach a bh' annainn a bha airson a h-uile beachd a chluinntinn.

2.9 Bhruidhinn sinn cuideachd ri clann agus daoine òga anns na h-àiteachan a bhios iad a' cleachdadadh, ann an dòighean a tha ag obair dhaibh, ann an raointean air a bheil iad eòlach, a' gabhail a-steach tro na meadhanan sòisealta. Dh'obraich sinn cuideachd tro lìonraidhean earbsach leithid nan àiteachan sàbhailte a chruthaich luchd-obrach òigradh, agus rinn sinn conaltradh farsaing ri pàrantan agus luchd-cùraim.

2.10 Sgrìobh sinn litrichean gu pàrantan ann an co-obrachadh le Connect agus Fòram Phàrant Nàiseanta na h-Alba a chaidh a sgaoileadh tro sgoiltean. Chùm buidhnean phàrant nàiseanta is ionadail na gnìomhan conaltraidh Deasbad Nàiseanta aca fhèin agus thug iad cuireadh dhuinn pàirt a ghabhail ann an coinneamhan agus buidhnean fòcais. Chaidh cuireadh a thoirt do phàrantan cloinne sho-leònte agus/no air an iomall pàirt a ghabhail no a bhith air an riochdachadh ann an deasbadan le buidhnean iomchaidh.

2.11 Cho-obraich sinn le buidhnean proifeasanta gus conaltradh leis an sgioba-obrach foghlaim aig a h-uile ìre, bho thràth-bhliadhnaichean chun oilthigh. Mar eisimpleir, chùm an GTCS, EIS agus Oilthigh Għlaschu tachartasan Deasbad Nàiseanta aig an robh sinn an làthair. Choinnich sinn cuideachd ri Lìonra Bhall Dubh an NASUWT, agus chuir sinn air dìogh seiseanan aig co-labhairtean AHDS agus ADES agus mòran thachartasan stiùirichean sgoile air an cumail le ùghdarrasan ionadail. Thadhail sinn air sgoiltean agus choinnich sinn ri luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh. Chùm mòran bhuidhnean foghlaim na deasbadan aca fhèin cuideachd agus chuir iad a-steach prìomh phuingean a chaidh a thogail aca gus cur ri stòran-dàta an Deasbad Nàiseanta.

2.12 Chuir Ùghdarrasan Ionadail agus Co-obraichean Leasachaidd Roinneil (RICn) taic ri tachartasan ionadail agus/no thug iad cuireadh dhuinn tighinn gu coinneamhan gus bruidhinn air an Deasbad Nàiseanta. Bha cothroman againn cuideachd a dhol an sàs le buill de SOLACE, ADES agus COSLA agus fhuair sinn cuireadh pàirt a ghabhail anns na co-labhairtean agus na coinneamhan aca.

2.13 Ulle gu lèir, fhuair sinn freagairt iongantach don chuireadh againn, ‘Nach Bruidhinn sinn mu Fhoghlam na h-Alba’. Is e an Deasbad Nàiseanta an eacarsaich conaltraidh phoblach nàiseanta as mothà a chaidh a dhèanamh a-riamh ann am foghlam na h-Alba. Gus seo a chur na cho-theacs, fhuair an Deasbad Nàiseanta a rinneadh mu dheireadh

fichead bliadhna air ais 1,517 freagairt³. Fhuair sinne 5,671 freagairtean foirmeil airson an Deasbad Nàiseanta againne. Tha sinn airson aithne agus taing a thoirt don a h-uile duine a thug taic dhuinn, a chuir am beachdan a-steach agus a thog an guth gus cumadh a thoirt air foghlam na h-Alba san àm ri teachd.

2.14 Rinn companaidh rannsachaidh neo-eisimeileach sgrùdadh air a h-uile freagairt Deasbad Nàiseanta a fhuaireadh. Tha an obair seo air beachdachadh air an fhiannais gu lèir a chaidh a chruinneachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na guthan uile a chuala sinn, agus a h-uile duine a chuir ris, air an gabhail a-steach san analis. Tha aithisg analis fa leth ri fhaighinn.

2.15 Chaidh ath-bhreithneachadh dàrna stòrais a thoirt dhuinn cuideachd air diofar cho-chomhairlean a rinneadh le clann agus daoine òga ann an siostam foghlaim na h-Alba. Bha gearr-chunntas ann de na h-aithrisean lèirsinn a th’ againn mar-thà (ann an grunn aithisgean san t-siostam foghlaim) agus beachdachadh air mòran fhreagairtean deasbad nàiseanta nas fhaide a chaidh a chur a-steach le prìomh institiudan agus buidhnean buadhmhòr (a’ gabhail a-steach an fheadhainn a chuir buidhnean proifeasanta foghlaim, luchd-tagraidh san treas roinn, agus buidhnean ballrachd a-steach).

2.16 Gus a’ gheàrr-aithisg seo ullachadh, tha sinn air tarraig air an aithisg analis a rinn companaidh neo-eisimeileach. Tha sinn cuideachd air ath-bhreithneachadh eagarakh a dhèanamh air an dàta agus air mion-sgrùdadh coimeasach a dhèanamh gus fiosrachadh a thoirt don lèirsinn, luachan, agus Gairm gu Gnìomh. Chaidh beagan deuchainn a dhèanamh air a’ chiad lèirsinn agus luachan, agus chaidh ath-sgrìobhadh a dhèanamh gus sùim a ghabhail den fhiros air ais a fhuaireadh. Cha ghabhadh a sheachnadh nach biodh molaidhean airson an lèirsinn agus luachan ath-sgrìobhadh ann an dòigh air choireigin anns gach freagairt don ìre deuchainn. San fharsaingeachd, ge-tà, bha an fhreagairt iomlan don lèirsinn agus luachan deimhinneach a thaobh susbaint, tòna,

³ <https://www.tandfonline.com/doi/abs/10.1080/0267152042000295465#:~:text=Schools%20for%20the%2021st%20century%3A%20the%20national%20debate%20on%20education%20in%20Scotland,-Full%20Article&text=In%202002%2C%20the%20Scottish%20Executive,that%2020%2C000%20people%20took%20part.>

agus suidheachadh. Bha an ìre deuchainn feumail cuideachd gus dèanamh cinnteach gu bheil briathrachas na lèirsinn is nan luachan a' freagairt air prìomh chom-pàirtichean agus luchd-ùidh, agus aig an aon àm a' dèanamh cinnteach gun cùm sinn fior ri ar dealas gum biodh susbaint lèirsinn agus luachan air fhiosrachadh gu dìreach agus air a chumadh le freagairtean don Deasbad Nàiseanta. Aig a' cheann thall, 's e ar prìomh adhbhar a bhith a' nochdad, gu firinneach agus gu soilleir, na chuala sinn anns an Deasbad Nàiseanta.


2.17 Tha sinn mothachail gu bheil ath-bhreithneachaidhean mòra a' dol air adhart, agus tha sinn air conaltradh a chumail ri stiùirichean an Ath-bhreithneachadh Sgilean agus an Ath-bhreithneachadh Teisteanasan is Measaidh⁴ ach tha sinn air fuireach neo-eisimeileachd bhuapa. Tha sinn mothachail cuideachd gu bheil mòran pàipearan poileasaidh, ath-bhreithneachaidhean roimhe, agus pàipearan-suidheachaidh a' suathadh ris na prìomh raointean a tha rim faicinn nar Gairm gu Gniomh. Chan eil an obair seo air ainmeachadh anns a' gheàrr-aithisg seo leis gur e ar rùn a bhith a' riochdachadh agus a' nochdad na chuala sinn anns an Deasbad Nàiseanta a-mhàin.

2.18 Tha e cudromach a dhaingneachadh gu bheil sinn air an lèirsinn, na luachan, agus Gairm gu Gniomh a stèidheachadh *air* anailis dàta an Deasbad Nàiseanta a-mhàin. Is e ar dleastanas mar luchd-cuideachaидh na guthan agus na beachdan a chuala sinn a riochdachadh gu dileas, fhad 's a bha sinn a' cumail neo-eisimeileach.

2.19 Tha e soilleir, le meud nam freagairtean a fhuair sinn, nach urrainn dhuinn a h-uile dad a chuala sinn anns an Deasbad Nàiseanta a thoirt a-steach sa gheàrr-aithisg seo no san aithisg dheireannach. Mar thoradh air sin, tha sinn air feuchainn ris na cuspairean as làidire agus as cunbalalaiche a nochd bhon anailis a riochdachadh, air an tar-sgrùdad le coimeas chunbalach de na chuala sinn fa leth agus còmhla bhon t-Sultain chun na Dùblachd 2022. Chan eil leas sam bith ann dhuinne anns na tha sinn a' toirt don aithisg seo. Is e ar namas a bhith a' meòrachadh air a' chomas a th' ann airson siostam Foghlam na h-Alba, an-dràsta agus san àm ri teachd, a' cleachdad dàta an Deasbad Nàiseanta a-mhàin mar bhunait airson na tha sinn ag ràdh agus a' co-dhùnad.



4 [Ath-bhreithneachadh air Teisteanasan is Measadh: anailis co-chomhairle](#)



3. Lèirsinn agus Luachan

3. Lèirsinn agus Luachan



3.1 A' leantainn molaidhean Ath-bhreithneachadh Muir, b' e ar dleastanas lèirsinn làidir, aontaichte agus ath-nuadhaichte a leasachadh airson foghlam na h-Alba san àm ri teachd. Leis cho liomhorr agus iomadach 's a bha na freagairtean, bha eadar-dhealachaidhean beachd do-sheachanta taobh a-staigh nam beachdan a chaidh a chur an cèill mu na dh'fheumadh a bhith ann an lèirsinn an ama ri teachd. Bha cuideachd daoine fa leth agus buidhnean aig an robh beachdan làidir air na bha iad airson fhaicinn anns an lèirsinn a bha diofraichte bho na chuala sinn bhon mhòr-chuid de fhreagairtean chun an Deasbaid Nàiseanta. B' fheudar dhuinn, air an adhbhar sin, a bhith faiceallach mar a dhèilig sinn ri leithid de thagrachd. Mar thoradh air sin, tha an lèirsinn agus na luachan sa gheàrr-aithisg seo a' nochdadhan nan co-dhùnaidhean farsaing agus prìomh chuspairean bhon Deasbad Nàiseanta agus chan eil iad a' nochdadhan suidheachadh no beachdan suidhichte neach no buidhne sam bith.

3.2 Gus measadh an robh an lèirsinn agus na luachan a thathar a' moladh a' freagairt air clann agus daoine òga, pàrantan, agus an fheadhainn a tha ag obair ann an agus leis an t-siostam foghlaim, chuir sinn an lèirsinn fo dheuchainn sa Mhàrt 2023 aig cuid de phrìomh choinneamhan luchd-ùidh, a' gabhail a-steach Panail an Luchd-Teagaisg, Buidheann Luchd-ùidh Ath-leasachadh Foghlaim, agus Bòrd Cloinne is Òigridh COSLA, a bharrachd air daoine fa leth, agus buidhnean ris an robh sinn a' conaltradh air feadh an Deasbaid Nàiseanta. San fharsaingeachd b' e beachdan deimhinneach a thàinig air ais bhon deuchainn, le fios air ais cuideachail air suidheachadh agus briathran na lèirsinn agus luachan. Tha am fios air ais seo air beagan atharrachaidhean a bhrosnachadh san lèirsinn agus na luachan sa gheàrr-aithisg seo.

3.3 Gu sònrachte, is e an abairt a tha a' mìneachadh na pìomh theachdaireachd an Deasbaid Nàiseanta: ***Tha Gach Neach-ionnsachaidh ann an Alba Cudromach.*** Tha an teachdaireachd seo air fiosrachadh a thoirt don lèirsinn, na luachan, agus a' Ghairm gu Gniomh. Tha an lèirsinn a' cur cloinne agus daoine òga aig cridhe foghlam na h-Alba agus a' daingneachadh cho cudromach 's a tha e luach

a chur ann an com-pàirteachasan co-obrachail leis a h-uile duine a tha ag obair san t-siostam foghlaim, no co-cheangailte ris. Tha an lèirsinn a' gealltainn foghlam Albannach far a bheil gach neach-ionnsachaidh cudromach le bhith a' toirt seachad àrainneachd ionnsachaidh in-ghabhalach agus eòlasan ionnsachaidh àrd-inbhe do *gach* pàiste is neach òg. Tha an lèirsinn ri fhaighinn gu h-ìosal:

Tha Gach Neach-ionnsachaidh ann an Alba Cudromach: Aithris Lèirsinn airson Foghlam na h-Alba san Àm ri Teachd

Tha clann agus daoine òga aig cridhe foghlaim ann an Alba. Tha siostam foghlaim na h-Alba a' cur luach ann an com-pàirteachasan co-obrachail a tha a' toirt àite do gach neach-ionnsachaidh, na daoine a tha ag obair ann an, agus leis, an t-siostam foghlaim, pàrantan agus luchd-cùraim gus dèanamh cinnteach gu bheil *gach neach-ionnsachaidh ann an Alba gam meas cudromach.*

Tha gach neach-ionnsachaidh a' faighinn taic ann an àrainneachdan ionnsachaidh in-ghabhalach a tha sàbhailte, aoigheil, dàimheil, agus a tha a' dèiligeadh gu for-ghniomhach ri bacайдhean sam bith a thaobh ionnsachadh agus neo-ionannachdan a tha ann no ag èirigh. Tha foghlam ann an Alba ag àrach tàlantan sònrachte *gach neach-ionnsachaidh* a' dèanamh cinnteach às an coileanadh, an adhartas agus an sunnd.

Bidh gach pàiste agus neach òg ann an Alba a' faighinn sàr eòlasan ionnsachaidh a tha a' toirt spèis do na còraichean aca agus a' riochdachadh iomadachd cò iad agus na coimhearsnachdan anns a bheil iad a' fuireach. *Bidh gach pàiste agus neach òg* a' faighinn deagh theagasc, goireasan, is taic airson ionnsachadh toilichte a thogas am misneachd agus a tha gan uidheamachadh airson a bhith soirbheachail agus cur ri am beatha, an obair, agus an ris an t-saoghal, gus an tuig iad cho cudromach 's a tha iad.

3.4 Tha an lèirsinn a' bruidhinn gu dìreach ris a' chloinn agus na daoine òga a thuirt a-rithist is a-rithist gun robh iad ag iarraidh siostam foghlaim sàbhailte, in-ghabhalach a bha a' cur luach air a h-uile duine agus a' comharrachadh gach seòrsa soirbheachais.

3.5 Chan eil gach nì anns an lèirsinn, na luachan, agus a' ghairm gu gniomh ùr; gu dearbh chuala sinn mu fheartan de shiostam foghlaim làithreach na h-Alba a bu chòir leantainn agus a leasachadh barrachd, leithid dealas airson luach a chur air beachdan cloinne is dhaoine òga, foghlam farsaing, cudromachd bunaiteach litearrachd agus àireamhachd, leasachadh sunnd, a bhith a' sireadh

cothromachd agus co-ionannachd, spèis air dreuchd teagaisg aig ire ceumnachaidh, cudromachd obair agus suidheachadh obrach gach buill den sgioba-obrach foghlaim, agus com-pàirteachas le pàrantan, luchd-cùraim, coimhearsnachdan agus buidhnean iomchaidh, eòlaichean agus seirbheis. Ann an iomadh cùis, ge-tà, bhathas ag aithneachadh gun gabhadh barrachd a dhèanamh airson taic a thoirt do chàileachd is cunbalachd buileachadh phoileasaidhean agus chleachdaidhean làithreach, agus a bhith for-ghniomhach mu atharrachaidhean gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh air fad san àm ri teachd agus gus siostam foghlaim na h-Alba a leasachadh. Feumaidh an lèirsinn cothromachadh a dhèanamh eadar firinn na tha a dhìth a-nis agus dòchas airson foghlam

ann an Alba a dh'ullaicheas clann agus daoine òga airson saoghal a tha ag atharrachadh gu luath.

3.6 Ged a dh'fhaodadh an lèirsinn buntainn ri luchd-ionnsachaidh de gach aois, agus tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha leasachadh cloinne bho bhreith gu foghlam inbheach gu ionnsachadh fad-beatha, bha raon-ùghdarrais an Deasbaid Nàiseanta dhaibhsan aig aois 3-18 ann an tràth-ionnsachaidh agus foghlam foirmeil.

3.7 Còmhla ri lèirsinn làidir, chuala sinn mu cho cudromach 's a tha prìomh luachan a tha a' fiosrachadh agus a' toirt taic do obair siostam foghlaim na h-Alba. Tha Alba an-dràsta a' cleachdadh na h-abairt "sàr-mhatas agus cothromachd" gus a miannan airson a siostam foghlaim agus luchd-ionnsachaidh a chur an cèill. Tha dealas làidir ann fhathast do na prionnsapalan sin, ach chuala sinn gun robh an t-àm ann na luachan a tha aig cridhe foghlam na h-Alba ath-chruithachadh agus ath-stèidheachadh, an-dràsta agus san àm ri teachd. Mar sin tha sinn a' moladh nan luachan treòrachaiddh a leanas airson foghlam ann an Alba.

3.8 Chuala sinn cuideachd gum feum builean an Deasbaid Nàiseanta a dhol na b' fhaide na aithris lèirsinn agus luachan agus

fiosrachadh a thoirt do ghniomhan fior. Is e an ath rud, mar sin, gun toir sinn gearr-chunntas air a' Ghairm gu Gníomh a tha a' mìneachadh nam prìomh cheumannan a dh'fheumar a ghabhail gus an lèirsinn a choileanadh agus gus na luachan a chumail suas.



Tha Gach Neach-ionnsachaidh ann an Alba Cudromach – Luachan Treòrachaiddh



Àrd-miannach – Bidh siostam foghlaim na h-Alba àrd-mhiannach le bhith a' sùileachadh mòran airson a h-uile neach-ionnsachaidh agus a' toirt cothrom don a h-uile pàiste is neach òg leasachadh agus an rùintean a choileanadh.



In-ghabhalach – Bidh siostam foghlaim na h-Alba a' cur luach air, a' toirt spèis do, ag aithneachadh, agus a' riochdachadh a h-uile pàiste is neach òg, a' toirt seachad eòlasan agus cothroman foghlaim cothromach don a h-uile neach-ionnsachaidh.




Taiceil – Bidh siostam foghlaim na h-Alba aithnichte airson a bhith a' toirt a h-uile pàiste, neach òg, agus inbheach an lùib a' phròiseas foghlaim ann an dòigh bhrìoghmhor agus iomchaidh a bheir seachad an taic a tha a dhìth airson a h-uile neach-ionnsachaidh an àrd-amasan pearsanta a thoirt air adhart, a choileanadh agus a thoirt gu buil.



4.

Gairm gu Gniomh



4. Gairm gu Gníomh



4.1 Chaidh Gairm gu Gníomh (GGG) a chruthachadh stèidhichte air na cuspairean agus na beachdan as làidire a tha ag èirigh bhon dàta Deasbad Nàiseanta. Mar a thuggear, bha eadar-dhealachaidhean beachd anns na chuala sinn agus uaireannan beachdan làidir, an aghaidh a chèile. Air an adhbhar sin, dh'fheuch sinn ri puingean co-nbrachaidh, daingneachaidh, agus ceangail a stèidheachadh taobh a-staigh agus thairis air na seataichean dàta, le taic bhon anailis dàta a rinneadh gu neo-eisimeileach. Ghabh sinn os làimh dòigh-obrach choimeasach chunbhalach thairis air an dàta, a' dèanamh deuchainn, a' luachadh, agus a' coimhead a-rithist air an fhianais gus dèanamh cinnteach gu robh bunait làidir againn airson na GGG a bha stèidhichte. Bheachdaich sinn cuideachd air na bha sinn air cluinntinn anns na mòran chòmhraídhean air-loidhne agus aghaidh-ri-agħaidh anns an robh sinn an sàs, còmhla ri ath-leughadh mòran de na tagraighean sgriobhte.


4.2 Ged a thathar an dùil gum bi an lèirsinn, na luachan, agus GGG ag amas air an àm ri teachd, bha tòrr de na chuala sinn san Deasbad Nàiseanta mu chùisean, dùblain, agus raointean neart taobh a-staigh siostam Foghlam na h-Alba an-diugh. Mar thoradh air sin, tha an GGG seo ag amas air a bhith a' nochdadadh an dà chuid firinn agus pragmatachd agus aig an aon àm a' comharrachadh na bhios a dhìth an-dràsta agus san àm ri teachd gus ionnsachadh agus cothroman-beatha cloinne is dhaoine òga uile na h-Alba a dhòn.

4.3 Leis gur e geàrr-aithris a tha seo, chan urrainn dhuinn ach na h-eileamaidean àrd-ìre den GGG a thaisbeanadh. Tha tòrr a bharrachd mion-fhiosrachaidh san aithisg dheireannaich an cois beachdan àrd-mhiannach agus aithris rùin shoilleir airson gach pàirt den GGG. Tha an GGG ga fhaicinn mar bhrosnachadh seach a bhith na òrdugh no àithne.

4.4 Tha gearr-chunntas àrd-ìre na GGG air a mhìneachadh gu h-ìosal a' nochdadhan nan teachdaireachdan as làidire a thàinig a-mach às an dàta. Uile gu lèir, 's e an teachdaireachd as cumhachdaiche a tha a' tighinn bhon Deasbad Nàiseanta gu bheil feum air luchd-ionnsachaidh na h-Alba **uile** oideachadh airson àm ri teachd neo-chinnteach nach gabh innse ro làimh. Mar sin is e an cuspair mòr, farsaing againn san GGG *Oideachadh Ar n-Àm ri Teachd* le taic bho cheithir phàirtean eadar-cheangailte: *Luchd-ionnsachaidh agus Ionnsachadh, Siostam Ionnsachaidh, Àm ri Teachd Didseatach agus Leasachadh Foghlaim le Daoine aig a' Chridhe.*

4.5 Leanaidh tar-shealladh goirid air na h-eileamaidean anns a' gheàrr-chunntas àrd-ìre den GGG. Tha e air a thoirt fa-near, ge-tà, gu bheil an aithisg dheireannach a' toirt iomradh mionaideach air cùisean cudromach a tha a' nochdadhan fo na cuspair farsaing seo, leithid: curraicealam, measadh agus teisteanasan, agus an sgioba-obrach foghlaim.

Geàrr-chunntas GGG Àrd-ìre



4.6 Is e an cuspair farsaing taobh a-staigh GGG *Oideachadh Ar n-Àm ri Teachd* a tha a' daingneachadh mar a bheir clann agus daoine òga ann an Alba cumadh gnìomhach air a' chomann-shòisealta san àm ri teachd, an eacnamaidh san àm ri teachd, an nàisean san àm ri teachd, a' phlanaid san àm ri teachd, agus an saoghal ri teachd. Tha Oideachadh Ar n-Àm ri Teachd a' ciallachadh gur e prìomh adhbhar foghlam a bhith a' toirt cothrom do chlann agus daoine òga an t-àm ri teachd a stiùireadh le misneachd, brìgh, agus caoimhneas. Sin an t-adhbhar gu bheil sinn air an abairt 'oideachadh **ar** n-àm ri teachd' a chleachdadh sa gheàrr-aithisg seo, oir bidh sealbh aig clann agus daoine òga na h-Alba air an àm ri teachd sin agus is iadsan a chruthaicheas e aig a' cheann thall.

4.7 Thathas a' tuigsinn gu bheil feum air coimhead air an t-siostam làithreach agus togail air an iomadh neart a th' ann gus siostam foghlaim a lìbhrigeadh ann an Alba a tha for-ghìnìomhach agus sùbailte gu leòr airson ama ri teachd caochlaideach. Is e an dùbhan, ge-tà, pròiseas atharrachaидh no ath-leasachaidh a chur an sàs a ghluaiseas siostam foghlaim na h-Alba air adhart, gu seasmhach agus gu farsaing, a' gabhail a-steach àrd-bhuidhnean meadhanach agus buidhnean ionadail. Thog na freagairtean anns an Deasbad Nàiseanta gu robh feum air atharrachaidhean dàna taobh a-staigh siostam an fhoghlaim agus feum sa bhad air pròiseas ath-leasachaidh a bhios ag amas air an àm ri teachd an cois buileachadh càileachd.

4.8 Tha e duilich smaoineachadh air siostam foghlaim na h-Alba san àm ri teachd gun chòraichean cloinne a bhith aig a' chridhe. Chuala sinn tòrr mu mar a dh'fheumas siostam foghlaim na h-Alba san àm ri teachd còraichean cloinne a chumail an-àirde gus am bi iad a' faireachdann sàbhailte ag ionnsachadh agus gus am bi an cumhachd aca am beatha a chumadh gu dearbhach. Chuala sinn iomadh uair san Deasbad Nàiseanta cho cudromach 's a bha e do sgoilearan de gach aois a bhith a' faireachdann sàbhailte, tèraine, gun robh luach ga chur annta agus gu robas ag èisteachd riutha nan ionnsachadh. Bha meas air iomadachd agus cothromachd airson am math a chur air adhart cuideachd na chuspair cunbalach. Chaith bruidhinn air a bhith a' toirt aire do leasachadh is taic don sgioba-obrach foghlaim, ath-leasachadh curraicealaim, teisteanasan, agus measaidhean agus amalachadh theicneòlasan agus litearrachd didseatach. Chuala sinn cuideachd mòran mu cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur luach ann an, ag èisteachd ri, agus a' co-obrachadh leis na h-inbhich a tha ag obair le clann, gu h-àraigdh tidsearan agus gach ball den sgioba-obrach foghlaim san fharsaingeachd, agus pàrantan/ luchd-cùram, teaghlaichean, agus buill den choimhairsnachd.

4.9 Uile gu lèir, chuala sinn cho cudromach 's a tha e dèanamh cinnteach gu bheil gach neach-ionnsachaidh ann an Alba ga mheas cudromach an-dràsta agus san àm ri teachd. Is e a' phuing-gniomha a' buntainn ri *Oideachadh Ar n-Àm ri Teachd*:

Feumaidh Oideachadh Ar n-Àm ri Teachd siostam foghlaim ann an Alba a tha for-ghniomhach, sùbailte, amalaichte, agus a chumas suas còraichean cloinne is dhaoine òga uile. Bidh siostam Foghlaim na h-Alba san àm ri teachd a' tabhann sàr theagast agus ionnsachadh, slighean ionnsachaidh eadar-dhealaichte, slighean eile gu soirbheachas, agus raon de mheasaidhean iomchaidh a tha a' nochdadh tàlantan sònraichte gach neach-ionnsachaidh, a' toirt taic do na miannan aca, agus a' coinneachadh ri feumalachdan saoghal a tha ag atharrachadh.

4.10 Aig a bhunait, tha foghlam mu dheidhinn ionnsachadh agus teagast. Chan eil e na iongnadh, mar sin, gur e ionnsachadh, an clàr-teagaisg na mheasg, an cuspair a bu trice a nochd ann am freagairtean an Deasbaid Nàiseanta. B' e an dàrna cuspair a bu trice a nochd cho cudromach 's a tha tidsearan agus luchd-obrach gus taic a thoirt do fheumalachdan is ionnsachadh sgoilearan. Anns a' chuspair Luchd-ionnsachaidh *agus ionnsachadh*, tha sinn air trì pòimh chuspairean a chomharrachadh anns na freagairtean a thaobh: ionnsachadh; in-ghabhal agus iomadachd; agus slàinte is sunnd.

4.11 A thaobh *ionnsachadh*, chuala sinn gu bheil litearrachd agus àireamhachd fhathast anabarrach cudromach. A bharrachd air sin, chuala sinn mu cho cudromach 's a tha e gun lean Alba foghlam farsaing le cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh air roghainnean cuspair agus leasachadh sgilean a tha a' nochdadh an ùidhean, an tàlantan, agus am miannan pearsanta gus an uidheamachadh nam beatha, nan obair agus san t-saoghal. Ann an co-theacs Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne (UNCRC), chuala sinn cuideachd mu cho cudromach 's a tha e gum biodh clann agus daoine òga air fad ag ionnsachadh mu na còraichean aca agus a' toirt spèis do chòraichean gach neach, a' cur luach air iomadachd, agus ionnsachadh airson seasmhachd gus an àrainneachd a dhòn.

4.12 Rud a tha cudromach, bhathar a' faireachdann gun robh feum air toileachas ann an ionnsachadh, a' gabhal a-steach barrachd chothroman airson cluich agus ionnsachadh a-muigh. Tha seo a' comharrachadh gum bu choir ionnsachadh a thugtann ann an diofar dhòighean a ghabhas ri diofar shlighean agus roghainnean ionnsachaidh a thaghlas luchd-ionnsachaidh. Tha e a' nochdadh gluasad bho adhartas stèidhichte air aois agus iùre na sgoile gu slighean sùbailte agus eadar-ghluasad le taic gus coinneachadh ri feumalachdan leasachaidh agus ùidhean cloinne is dhaoine òga tro thràth-bhliadhnaichean agus eòlasan sgoile.

4.13 A thaobh *in-ghabhail agus iomadachd*, chuala sinn cho cudromach 's a tha e dèanamh cinnteach à siostam foghlaim na h-Alba a tha ag adhartachadh chòraichean daonna, cothromachd, in-ghabhail, agus meas air iomadachd gus tàlantan, feartan, feuman, ùidhean agus comas sònraichte gach neach-ionnsachaidh aithneachadh agus a riochdachadh. Tha seo a' gabhail a-steach feum air togail aire agus ionnsachadh mu gach seòrsa iomadachd, leth-bhreith, agus ana-cothrom do chlann agus daoine òga agus do luchd-obrach agus luchd-taic foghlaim.

4.14 Chuala sinn mun fheum air sgoiltean sàbhailte agus in-ghabhalach, a' gabhail a-steach aire do ruigsinneachd air togalaichean, seòmraichean-teagaisg agus goireasan, agus dàimhean le spèis agus dòighean-obrach for-ghniomhach an-aghaidh burraidheachd. Gus in-ghabhail a choileanadh feumar maoineachadh sònraichte agus seasmhach gus luchd-obrach is goireasan speisealta iomchaidh agus freagarrach a sholarachadh airson feumalachdan fa leth gach neach-ionnsachaidh a choileanadh; tha seo na chùis èiginn shònraichte do chlann agus daoine òga a chaidh a chomharrachadh le Feumalachdan Taic a Bharrachd (ASN). Chuala sinn cuideachd mu cho cudromach 's a tha cothroman foghlaim agus coimhearsnachdan ann an raon de chànanan, a' gabhail a-steach Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, agus conaltradh ruigsinneach ann an cànanan coimhersnachd. Airson cothrom co-ionann air eòlasan agus cothroman foghlaim, chuala sinn nach bu chòir cosgaisean ro-làimh, falaichte, no saor-thoileach a chur air pàrantan/luchd-ionnsachaidh. Chaidh ceanglaichean coimhersnachd, obair ioma-bhuidhneach, agus com-pàirteachas san treas roinn a chomharrachadh mar rudan cudromach gus coinneachadh ri feumalachdan cloinne is dhaoine òga air fad.

4.15 Chuala sinn, airson làn luach a chur ann an iomadachd dhaoine ann an Alba, agus spèis is riochdachadh a thoirt dhaibh, gu robh e cudromach iomadachd a nochdadh ann an luchd-obrach an fhoghlaim, a bharrachd air a nochdadh sa churraicealam agus anns a h-uile goireas teagaisg is ionnsachaidh. Chaidh prionnsapalan agus cleachdaidhean leithid foghlam an-aghaidh gràin-cinnidh agus cothromachd gnè a chomharrachadh mar phìomhachas. Tha aire do cothroman foghlaim agus eòlasan cothromach thar an iomadh àite is co-theacsa ann an Alba cudromach cuideachd, mar eisimpleir airson choimhersnachdan dùthchail, iomallach agus eileanach.

4.16 Thogadh cuideachd cudromachd *Slàinte is Sunnd* mar phàirt de dh'fhoghlam. Chuala sinn mun fheum air raon de chùram mathais agus modhan-obrach làn-sgoile airson àrach, agus leasachadh dhàimhean dearbhach, spèiseil agus fallain, a' gabhail a-steach dèiligeadh ri burraidheachd agus sàrachaидh gu luath agus gu h-èifeachdach. Chuala sinn cuideachd mu cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèiligeadh ri slàinte-inntinn sgoilearan agus luchd-obrach, agus slàinte cuirp cloinne is dhaoine òga. Chaidh am feum a thogail air goireasan sònraichte agus taic eòlaichean fhaighinn gu furasta ann an deagh àm gus sunnd cloinne is dhaoine òga a leasachadh.

4.17 Is iad na puingean-gníomha co-cheangailte ri Luchd-ionnsachaidh *agus ionnsachadh*:

Bu chòir cothrom co-ionann a bhith aig a h-uile neach-ionnsachaidh air cothroman ionnsachaidh agus eòlasan àrd-inbhe agus slighean sùbailte ceangailte ri ùidhean, feumalachdan, leasachadh agus mòr-mhiannan gach neach-ionnsachaidh.
Tha e cudromach a bhith ag àrach gàirdeachas agus gaol airson ionnsachadh fad-beatha.
Tha eòlas agus breithneachadh dreuchd an fhoghlaim, a' gabhail a-steach eòlas domhainn air a' churraicealam agus cothrom air goireasan co-cheangailte ris a' churraicealam, ag obair le luchd-taic agus eòlaichean deatamach airson ionnsachadh àrd-inbhe a choileanadh.

Tha feum air dèanamh cinnteach à maoineachadh seasmhach iomchaidh airson luchd-obrach agus goireasan sònraichte a sholarachadh gus an urrainn dhaibh an dealas a thaobh in-ghabhail agus feumalachdan fa leth gach neach-ionnsachaidh a choileanadh, agus bu chòir seo a dhèanamh sa bhad do chlann is dhaoine òga a tha air an comharrachadh le Feumalachdan Taic a Bharrachd (ASN). Tha ionnsachadh mu dheidhinn agus a' cur luach ann an iomadachd dhaoine agus àiteachan cudromach agus feumar a nochdadhsa churraicealam, ann an goireasan teagaisg is ionnsachaidh, agus a riochdachadh ann an sgioba-obrach an fhoghlaim. Tha cultaran sàbhailte agus in-ghabhalach deatamach a tha ag àrach dhàimhean le spèis agus a' dèiligeadh ri leth-bhreith agus sàrachadh.

Tha feum an-còmhnaidh air ionnsachadh gu for-ghniomhach mu dheidhinn agus taic a thoirt do shlàinte inntinn, faireachail agus cuirp agus dàimhean fallain, agus dòighean-obrach làn-sgoile a sholarachadh a thaobh àrach, àiteachan ionnsachaidh sàbhailte, agus cleachdaidhean an-aghaidh burraidheachd.

4.18 A' dol air adhart don *t-Siostam ionnsachaidh*, sa Ghairm gu Gníomh, chuala sinn tòrr mu dheidhinn a' churraicealam, measadh, teisteanasan, agus teagasg. Ach, shaoileadh bho mhòran de na beachdan a chuala sinn gur e pàirtean fa leth a bh' annta seach a bhith uile amalaichte san t-siostam. Bha luchd-freagairt glè dheònach bruidhinn air a' churraicealam no measadh no teagasg ach is ann ainneamh a bha iad a' bruidhinn orra sin mar dhòigh-obrach choileanta, fad-siostaim airson coileanadh foghlaim nas fheàrr a thoirt gu buil ann an Alba.

4.19 Bho na chuala sinn, mar sin, biodh siostam foghlaim na h-Alba san àm ri teachd a' faighinn buannachd bho bharrachd co-obrachaidh far a bheil coileanadh structarail, cultarail agus practaigeach nam prìomh phàirtean sin a' nochdadhsa siostam ciallach, co-òrdanaichte agus eadar-eisimeileach, a' toirt a-steach na prìomh dhaoine uile ann an dòigh amalaichte ach nach eil ro bhiòrocratach. Chuala sinn cuideachd gu feum siostam foghlaim na h-Alba a bhith tòrr a bharrachd na shiostam ionnsachaidh a tha comasach air a bhith smiorail gus töiseachadh air ath-leasachadh cudromach, dàna agus àrd-amasach.

4.20 Ma tha siostam foghlaim na h-Alba gu bhith a' coinneachadh ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh san àm ri teachd agus fada air thoiseach, tha feum air atharrachaidhean structarail agus cultarail dàna gus dèanamh cinnteach gun tarraing gach pàirt den t-siostam air an aon ràmh.



4.21 Chuala sinn gu tric mun sgioba-obrach foghlaim, mun churraicealam, agus mu mheasadh agus teisteanasan. A thaobh luchd-obrach an fhoghlaim, chuala sinn mu cho cudromach 's a tha e sgioba-obrach seasmhach a bhith ann an sgoil, a thaobh leantalachd agus seasmhachd teagasc àrd-inbhe. Chaidh cùisean a thaobh trusadh is gleidheadh thidsearan a thogail mar thrioblaid an san t-siostam an-dràsta agus, is dòcha, san àm ri teachd. Chaidh am feum air slighean dreuchdail soilleir, roghainnean trèanaidh sùbailte, tuarastalan agus sochairean nas fheàrr, agus lughdachadh ann an uallaichean rianachd gus fastadh thidsearan a leasachadh a thogail ann am mòran de sheiseanan bhuidhnean fòcais. Uile gu lèir, bha luach an luchd-obrach phroifeiseanta air aithneachadh gu soilleir anns an Deasbad Nàiseanta agus bha cuideam mòr ga chur air cho cudromach 's a tha e deagh thidsearan a chumail anns an dreuchd san àm ri teachd.

A Distinctive National Discussion

- We acknowledge and appreciate the information gathered and recommendations made from the many recent and current reviews of Scottish education. These are important context for the National Discussion.
 - However, our purpose is distinctive as we are offering those directly involved in education, at all levels, a collective chance to pause, to reflect and to contribute to a future vision for Scottish education. It is important that the National Discussion is distinctive in purpose, processes, and outcomes.
 - Together we will develop a creative and clear vision for the Scottish Education, one that's congruent with tackling the challenges facing children and young people and aspirations for their future.
- In addition, the big idea to be discussed is: "What kind of education will be available to children and young people in Scotland in the future and how can we make that a reality?"



4.22 Le sùil a-nis air a' churraicealam, bha na beachdan a chuala sinn gu math taiceil do dhòigh-obrach nas aonaichte a thaobh a' churraicealaim eadar diofar ìrean foghlaim agus eadar-ghluasadhan nas socraiche air feadh turas an neach-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach an ìre as sine. Thog mòran de na deasbadan buidhne a' chùis seo a' daingneachadh an fheum air barrachd soilleireachd agus co-leanailteachd don luchd-ionnsachaidh air turas a' churraicealaim. A thaobh an ama ri teachd, bha mòran a' faireachdann gum biodh pròiseas ath-bhreithneachaidh leantanneach na bhuanachd don Churraicealam airson Sàr-mhathais (CfE) gus dèanamh cinnteach gum fuiricheadh e buntainneach, ùraichte agus iomchaidh airson coinneachadh ri feumalachdan saoghail a tha ag atharrachadh.

4.23 Mu dheireadh, a thaobh measadh agus teisteanasan, bha daoine òga de gach aois gu math làidir mun fheum air raon nas fharsainge de roghainnean measaidh agus slighean a bheireadh dhaibh raon nas fharsainge de roghainnean teisteanais a chuir cuideam air na b' urrainn dhaibh a dhèanamh seach na rudan nach b' urrainn dhaibh a dhèanamh. Bha e soilleir bho na chuala sinn gu feum beachdan is dòighean-obrach a thaobh measadh agus teisteanasan atharrachadh gus cothromachadh nas fheàrr fhaighinn ann an roghainnean ionnsachaidh agus slighean ionnsachaidh do dhaoine òga a bheir co-ionannachd spès dhaibh, an cothrom a bhith air an aithneachadh agus teisteanasan ris an gabh a h-uile duine. agus a bheir cothrom dhaibh air an t-slighe dreuchd a thaghас iad.

4.24 Is iad na gnìomhan a thaobh an *t-siostam ionnsachaidh*:

Bu chòir coimhead air luchd-obrach an foghlaim gu h-iomlan mar ghoireas air feadh an t-siostaim. Feumar an aithne, agus an duais, airson na h-obrach chudromaich a nì a h-uile duine san sgioba-obrach a stèidheachadh agus a nochdadh ann an cothroman dreuchdail, agus ionnsachadh proifeiseanta àrd-inbhe, gus taic a thoirt do shàr chleachdadh mar chòir do na h-uile. Feumar aire a thoirt gu bhith ag iomadachadh an sgioba-obrach agus a' toirt taic do shunnd luchd-obrach.

Bu chòir pròiseas ath-bhreithneachaidh curraicealaim cunbalach a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an curraicealam fhathast iomchaidh, a' nochdadh feumalachdan luchd-ionnsachaidh an latha an-diugh, agus gun urrainnear a lìbhrigeadh gu h-èifeachdach ann an dòighean a nì cinnteach gu bheil sàr eòlasan ionnsachaidh ceangailte ris a' churraicealam aig gach neach-ionnsachaidh ann an Alba.

Bu chòir do shiostam foghlaim san àm ri teachd brath a ghabhail air, agus feum a dhèanamh de chomasan, sgilean, agus tàlantan cloinne agus dhaoine òga air fad ann an Alba. Bu chòir dha cur às don sgaradh eadar ionnsachadh acadaimigeach is dreuchdail, raon nas fharsainge de roghainnean measaidh is teisteanais a

Tha Gach Neach-ionnsachaidh ann an Alba Cudromach: Ar Deasbad Nàiseanta

thabhall, agus aithne agus duais fhoirmeil a thoirt do choileanaidhean an luchd-ionnsachaidh air fad.

4.25 Ged nach robh teicneòlas agus goireasan didseatach a' nochdadh ann an dàta an Deasbad Nàiseanta cho follaiseach 's a bha sinn an dùil, bha beachdan làidir ann bho luchd-fastaidh, pàrantan agus tidsearan gum bu chòir aithneachadh gum feum teicneòlas didseatach a bhith na phòrmh phàirt de shiostam foghlaim sam bith a tha ag amas air an àm ri teachd.

4.26 Am measg luchd-ionnsachaidh, chuala sinn miann làidir airson barrachd cothroman airson fiosrachadh agus eòlas fhaighinn. B' e cuspair a bha cumanta am measg luchd-ionnsachaidh gum biodh foghlam a' cuideachadh le leasachadh an litarrings agus an sgilean didseatach gus ullachadh airson obair. Thog luchd-ionnsachaidh am feum air barrachd saorsa roghainn a thaobh nan seòrsaichean conaltradh didseatach. Tha aon rud soilleir; bheir an saoghal didseatach cothroman mòra don chloinn agus do dhaoine òga ann an Alba a tha deiseil air a shon. Mar thoradh air sin, tha e cudromach gum bi luchd-ionnsachaidh air feadh na h-Alba làn ullaichte airson an ama ri teachd didseatach agus gum bi foghlam ann an Alba gan uidheamachadh ann an dòighean a leigeas leotha làn chom-pàirt a ghabhail agus soirbheachadh gu didseatach.

4.27 Is iad na gnìomhan a thaobh an *Ama ri Teachd Didseataich*:

Tha àrdachadh sgilean didseatach agus cruth-atharrachadh didseatach thar siostam foghlaim na h-Alba, aig gach èire, na phòrmhachas èiginneach don h-uile neach-ionnsachaidh ann an saoghal didseatach san àm ri teachd. Tha e deatamach gun tèid aire a thoirt do na sgilean agus am bun-structar a th' ann mar-thà a mheudachadh gus barrachd comas didseatach a thogail.

4.28 Tha am pròmh chuspair mu dheireadh anns na freagaritean don Deasbad Nàiseanta a' buntainn ri rud air an tug sinn Leasachadh


Foghlaim le Daoine aig a' Chridhe. Thug sinn "Ar Deasbad Nàiseanta" air an Deasbad Nàiseanta a dh'aona ghnothach gus comharrachadh gum feumadh am pròiseas seo a bhith a' gabhail a-steach, agus ag èisteachd ri, guthan agus beachdan dhaoine air feadh na h-Alba, gu sònraichte clann agus daoine òga agus an fheadhainn aig a bheil an guthan gu tric air an iomall no gun chluinntinn. B' e a' phrìomh theachdaireachd a chuala sinn tron Deasbad Nàiseanta gu bheil luach ann an daoine agus dàimhean adhartach nam feartan riatanach ann am foghlam na h-Alba. Ged a dh'fhaodadh foghlam na h-Alba san àm ri teachd a bhith nas didseataich, feumaidh e a bhith nas daonna cuideachd.

4.29 Chuala sinn bho chlann agus daoine òga a bha airson gun cuimhnich luchd-co-dhùnaidh gur ann mun deidhinn-san a bha am foghlam. Bha clann agus daoine òga airson gum biodh caraidean aca, gum bu toil leotha an tidsear aca agus gum biodh meas aig an tidsear orra, gum biodh dàimhean earbsach aca le inbhich a bha a' coimhead às an dèidh a dh'fhaodadh an cuideachadh, a bhith sàbhailte, bha iad airson tòrr chuspairean agus sgilean ionnsachadh, spòrs a bhith aca, cluich, gun èistear riutha agus gun cluinnear iad, agus gum biodh am feartan, feumalachdan, ùidhean agus àrd-amasan fa leth air am meas, air an aithneachadh, agus a' faighinn taic. Ann an iomadh dòigh bha na h-inbhich ris an do bhruidhinn sinn ag iarraidh an aon rud airson clann agus daoine òga, agus gu dearbh rudeigin coltach ris dhaibh fhèin cuideachd.


4.30 Chuala sinn mu cho cudromach 's a tha e a bhith ag èisteachd ri clann is daoine òga ann am foghlam na h-Alba, cho cudromach 's a tha e gu bheil na proifeiseantaich ann am foghlam a' stiùireadh agus a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean agus gnìomhan foghlaim leis an eòlas agus na sgilean aca, agus am feum air conaltradh agus dol an sàs le pàrantan, luchd-cùraim agus coimhearsnachdan.

4.31 Is e a' phuing-gníomha airson *Leasachadh Foghlaim le Daoine aig a' Chridhe* a thoirt gu buil:

Feumaidh leasachadh foghlaim le daoine aig a' chridhe a bhith ag èisteachd ri beachdan cloinne agus dhaoine òga agus a' cur am feumalachdan aig cridhe siostam foghlaim na h-Alba, a' dol an sàs le pàrantan/luchd-cùraim, teaghlaichean, agus coimhairsnachdan, agus dreuchd an fhoghlaim a' stiùireadh na slighe air adhart le eòlas agus breithneachadh proifeiseanta a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean agus gnìomhan.



5. Na h-ath Cheuman



5. Na h-ath Cheuman



5.1 Mar a nochd sinn, is e geàrr-aithris a tha seo a tha a' soilleireachadh na Lèirsinn, nan Luachan agus a' Ghairm gu Gniomh a chaidh iarraidh oirnn a thoirt gu buil, mar luchd-cuideachaидh neo-eisimeileach an Deasbad Nàiseanta ann an Alba.

5.2 Bha mòran a' ceasnachadh an tigeadh gniomh susbainteach às an Deasbad Nàiseanta. Chuala sinn cuideachd miann mòr airson atharrachadh (ged is e an "t-atharrachadh ceart") agus daoine a bha airson a bhith an sàs ann gus a thoirt gu buil. Gu dearbha, tha meud a' chom-pàirteachaidh anns an Deasbad Nàiseanta agus na freagairtean dha gun samhail.

5.3 Chan eil sinn a' moladh gun tèid àireamh mhòr, mhòr de dh'atharrachaidhean a dhèanamh air an t-siostam foghlaim ach gum bi an Deasbad Nàiseanta air fhaicinn mar àithne airson atharrachadh a bheir fiosrachadh do ghnìomhan geàrr-ùine, meadhan-ùine agus fad-ùine. Chan eil atharrachadh air sgàth atharrachaidh na leas do dhuine sam bith agus gun teagamh ag adhbharachadh neo-sheasmhachd agus troimh-chèile san t-siostam. Tha sinn air leth mothachail gu bheil an siostam foghlaim agus na proifeiseantaich a tha ag obair ann fo uallach mòr le iarrasan làithreach agus cuingeadan ghoireasan. Mar sin, tha sinn a' moladh gum feum astar an atharrachaidh a bhith reusanta airson buileachadh de dheagh chàileachd. Chan fhaod atharrachaidh a bhith ro

luath ach feumaidh e tachairt agus feumar fhaicinn. Tha e cudromach leasachaidhean a dhèanamh ann an òrdugh faiceallach agus le goireasan iomchaidh agus ùine airson obair a dhaingneachadh. Feumar cumail suas agus togail air na tha ag obair gu math ann an siostam foghlaim na h-Alba, a bharrachd air gluasad air adhart le atharrachaidhean air a bheil cruaidh fheum agus planadh airson atharrachaidhean san fhad-ùine san àm ri teachd.

5.4 Tha muinntir na h-Alba air bruidhinn, agus tha sinne air èisteachd. Tha an t-àm ann a-nis airson conaltradh leantainneach agus gnìomh deimhinneach gus an lèirsinn a thoirt gu buil gu bheil *Gach Neach-ionnsachaidh ann an Alba Cudromach*.

5.5 Tha sinn ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba agus COSLA beachdachadh air a' gheàrr-aithisg seo agus an aithisg dheireannach ann an dòighean a chuidicheas gus siostam foghlaim na h-Alba a thoirt air adhart. Leis cho mòr 's a bha compàirteachadh san Deasbad Nàiseanta, tha roinn an fhoghlaim agus muinntir a' phobaill a' sùileachadh mòran bho na h-ath cheumannan. Tha ùidh mhòr againn anns na thachras agus sinn an dòchas gun dèan na h-atharrachaidhean air feadh siostam na h-Alba cinnteach, an-dràsta agus san àm ri teachd, gu bheil 'Gach Neach-ionnsachaidh ann an Alba Cudromach'.



Pàipearan-taice

Pàipear-taice A: Deasbad Nàiseanta ìre Com-pàirteachaidh



**Pàipear-taice
Coinneamhan agus tachartasan Luchd-cuideachaidh**

**21 Sultain -
5 Dùblachd
2022**

TACHARTAS/COM-PÀIRTEACHADH

CEANN-LATHA

Co-labhairt SOLACE	Sultain-22
Fèis Ionnsachaidh na h-Alba	21/09/2022
Bun-sgoil Charnegie	21/09/2022
Tachartas Riaghaltas na h-Alba/CoSLA le luchd-labhairt na Pàrlamaid	22/09/2022
Coinneamh leis an EIS	21/09/2022
Coinneamh-fiosrachadh mun Phrògram Co-ionannachd Cinnidh agus An-aghaidh Gràin-cinnidh ann am Foghlam – com-pàirteachadh tràth	28/09/2022
Buidheann Luchd-ùidh Ath-leasachadh Foghlaim – com-pàirteachadh tràth	28/09/2022
Oifigear Còraichean Cloinne Comhairle Shiorrachd Àir a Deas	29/09/2022
Enable Scotland	03/10/2022
Bòrd Comhairleachaidh Curraicealaim	28/09/2022
Oifigear lomallach is Dùthchail Youth Scotland	05/10/2022
‘Bòrd cruinn’ air Ionnsachadh airson Seasmhachd agus A’ Cur Daoine Òga aig a’ Chridhe	05/10/2022
Club Phàrant	06/10/2022
Youthlink Alba	06/10/2022
Alan Sherry, Inbhean CLD Alba	07/10/2022
Young Scot	07/10/2022
Com-pàirteachadh le luchd-foghlaim agus daoine òga BAME (ciad ghairm) Khadija Mohammed (Cathraiche Comann Luchd-foghlaim Mion-chinnidh na h-Alba)	10/10/2022
Sight Scotland – com-pàirteachadh le oifigearan poileasaidh	10/12/2022
Comhairle Inbhean CLD	14/10/2022
Ro choinneamh co-labhairt AHDS	19/10/2022

TACHARTAS/COM-PÀIRTEACHADH	CEANN-LATHA
Ro choinneamh co-labhairt ADES	21/10/2022
GTCS	24/10/2022
Tachartas Luchd-cùraim Òga	24/10/2022
Includem	25/10/2022
The Promise	25/10/2022
Virtual ICEA	25/10/2022
Comhairle Foghlaim na h-Alba	26/10/2022
ICEA Bhiortual	27/10/2022
Buidhnean fòcais 1 de 8 le buidhnean Còraichean Cloinne agus In-ghabhail	27/10/2022
Close the Gap	28/10/2022
Buidheann Fèin-chuideachaidh Togail ar Curraicealaim (BOCSH)	28/10/2022
COINNEAMH BÙIRD – Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	31/10/2022
Coinneachadh ro làimh leis an Ollamh McMahon airson bruidhinn air seisean	31/10/2022
Coinneamh le Stiùirichean Eileanan	01/11/2022
Coinneamh SPION	01/11/2022
Sgoil Foghlaim Ghlaschu 1 de 2 thachartas	01/11/2022
Sgoil Foghlaim Ghlaschu 2 de 2 thachartas	11/02/2022
Co-labhairt AHDS	02/11/2022
Co-labhairt ADES	04/11/2022
Tadhal air Àrd-sgoil Craigie, Dùn Dè	07/11/2022
Tachartas ceannardan-sgoile Dhùn Dè	07/11/2022
Tachartas Ballrachd Ionnsachadh airson Seasmhachd	07/11/2022
SCDE agus Comhairle nan Deadhan	08/11/2022
Co-labhairt Nàiseanta Youth Link	08/11/2022
Oifigearan Cholaistean na h-Alba	09/11/2022
Comann Nàiseanta na Cloinne Bodhar	09/11/2022
The Promise	09/11/2022
Tachartas conaltraidh phàrantan aig Comhairle Siorrhachd Àir an Ear	09/11/2022
Tadhal air sgoil St Alberts	09/11/2022
Buidheann fòcais Connect agus NPFS	09/11/2022

TACHARTAS/COM-PÀIRTEACHADH	CEANN-LATHA
Tadhal air Sgoil Ghràmair Obar Dheathain	10/11/2022
Tachartas stiùirichean sgoile Obar Dheathain, Siòrrachd Obar Dheathain agus Mhoireibh	10/11/2022
RIC Srughlea agus Gleann Fhoirthe	10/11/2022
Co-labhairt Sight Scotland agus RNIB Alba air àm ri teachd foghlam na h-Alba	10/11/2022
Panail Luchd-teagaisg - ad hoc	11/11/2022
Pàrlamaid na Cloinne	11/11/2022
Co-labhairt EIS air an Deasbad Nàiseanta	11/12/2022
Buidheann Fòcais Dùthchail is lomallach	15/11/2022
Co-labhairt CYPIC (stàile margaidh)	15/11/2022
Sight Scotland – Seisean Comhairle Sgoilearan	15/11/2022
Buidhnean fòcais 3 de 8 aig buidhnean Còraichean Cloinne agus In-ghabhail	15/11/2022
Tachartasan Òigridh an Deasbaid Nàiseanta – Mòr-choinneamh Sgoile	16/11/2022
Comhairle Aonghais	16/11/2022
Seisean luchd-ionnsachaidh air leth comasach	16/11/2022
Sight Scotland – Deasbad leis an luchd-teagaisg agus an luchd-taic	17/11/2022
RIC Gleann Fhoirthe is Lodainn an lar	17/11/2022
Buidhnean fòcais 4 de 8 le buidhnean Còraichean Cloinne agus In-ghabhail	18/11/2022
Coinneamh le Seumas Russell, Leasachadh Sgilean na h-Alba	18/11/2022
Coinneamh Chomhairle Riaghaltas na h-Alba den NASUWT	18/11/2022
An t-Ollamh Mark Priestley bho Oilthigh Shruighlea	18/11/2022
Ath-bhreithneachadh air Foghlam Dreuchdail/Sgilean na h-Alba	18/11/2022
Buidhnean fòcais 5 de 8 le buidhnean Còraichean Cloinne agus In-ghabhail	21/11/2022
Seisean Deasbad Nàiseanta aig Àrd-sgoil Eilginn	22/11/2022
Tachartas com-pàirteachaidh air-loidhne le luchd-obrach òigridh, Youthlink Scotland	22/11/2022
Tachartas poblach air-loidhne	22/11/2022
Tachartasan Deasbad Nàiseanta Dhaoine Òga – Foghlam Alba ga stiùireadh	23/11/2022
Buidhnean fòcais 6 de 8 le buidhnean Còraichean Cloinne agus In-ghabhail	23/11/2022
Gairm fòn le Judy Wagner air Ath-bhreithneachadh Stiùbhairt	23/11/2022

TACHARTAS/COM-PÀIRTEACHADH	CEANN-LATHA
Seiseanan Mòr-choinneamhan Sgoile X2	23/11/2022
Tachartas poblach air-loidhne	23/11/2022
Tachartas Thosgairean Òga airson In-ghabhail	24/11/2022
Buidhnean fòcais 7 de 8 le buidhnean Còraichean Cloinne agus In-ghabhail	25/11/2022
Deasbad panail Buill Pàrlamaid Òigridh na h-Alba	26/11/2022
Buidhnean fòcais 8 de 8 le buidhnean Còraichean Cloinne agus In-ghabhail	28/11/2022
Foghlam Alba – Lesley Whelan	28/11/2022
Comhairle Inbhean CLD	28/11/2022
RICan	28/11/2022
Buill de Chaidreachas Eileanan na h-Alba	29/11/2022
Seisean feasgair GTCS	29/11/2022
Buidheann Phàrantan Baile Għlaschu	30/11/2022
Luchd-teagaisg Beurla mar Dhàrna Cànan	30/11/2022
Fòram Luchd-ùidh na h-Acadamaidh Nàiseanta airson Ceannardas Foghlaim	30/11/2022
Co-obrachadh Leasachaидh an Ear-dheas	30/11/2022
Tràth-bhliadhnaichean na h-Alba – Sìne Brompton	30/11/2022
Tachartas Còraichean Cloinne Comhairle Shiorrachd Àir a Deas	01/12/2022
Luchd-fastaidh Leasachadh Sgioba-obrach Òg	01/12/2022
Tachartas poblach air-loidhne	01/12/2022
Lònra Bhall Dubh an NASUWT	01/12/2022
Time for Inclusive Education	05/12/2022
Sgioba deamografach	05/12/2022
Coinneamh le stiùirichean gnìomhachais	18/01/2022

Pàipear-taice B: Deasbad Nàiseanta Staitistig Com-pàirteachadh Poblach



Nach Bruidhinn Sinn mu Fhoghlam na h-Alba

Thàinig sinn thugaibh

Chaidh tachartasan agus Deasbadan a chumail anns gach ceàrnaidh de dh'Alba, bho Shealtainn gu na Crìochan, air an stiùireadh le sgoiltean, buidhnean coimhearsnachd agus buidhnean treas roinne – a' ruighinn barrachd air

**38,000
daoine.**



Rinn
sibh
co-roinneadh



Fhuair sinn bhur beachdan air ais ann an iomadh dòigh – a' gabhail a-steach
dealbhan,
mapaichean
inntinn agus
bhidiothan

Fhreagair sibh
+5600
freagairt

Thàinig sibh còmhla
Chaidh còrr is 200

freagairt buidhne
a chur a-steach



Ghabh sibh pàirt

**Ghabh
26,000
sgoilear is
oileanach**

ann am mòr-
choinneamhan
air-loidhne



Thug sibh dhuinn ur n-ùine

Bha còrr is
80 neach
an làthair aig sreach
de thachartasan
air-loidhne



Ghabh sibh pàirt ann an deasbadan air na meadhanan sòisealta

Còrr is **6,000 post**
air Twitter mun Deasbad Nàiseanta a' cleachdad
an hashtag #TalkScottishEducation

Chunnaic còrr is **10 millean**
luchd-cleachdaidh
mheadhanan sòisealta
an hashtag





Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2023



Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosigailte v3.0 ach far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn theirig gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig
Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3EG

ISBN: 978-1-80525-906-0 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Cèitean 2023.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1283382 (05/23)